

Candidate 5 evidence

Beinn Eadra

Cogadh air ar starsaich - 3 Màrt 1945

Nuair a tha sinn a' smaoinneachadh air an darna chogadh, bidh sinn a' smaoinneachadh air Hitler agus na Nazithich, Winston Churchill agus sabaid a bhith a' dol san Eòrpa, agus ann an àitean eile air feadh an t-saoghail. Agus, chan eil teagamh nach eil sinn a' smaoinneachadh air na rudan uabhasach a chaidh a dhèanamh air na milleanan de lùdhaich san Roinn Eòrpa a chaidh a chur gu bàs sa Holocaust.

Ged a chaidh bomaichean a thuiteam air Bruaich Chluaidhe faisg air Glaschu, cha robh sabaid a' dol ann an Alba fhèin. Ach, bha latha sa Mhàirt ann an 1945 a thug an cogadh – agus bàs - dhan an Eilean Sgitheanach.

Thachair D-day an meadhan 1944, le saighdearan Aimearaigeach agus Breatainneach a' dol a-null dhan Fhraing. Bha strì mhòr a' dol, ach aig toiseach 1945 bha an dà arm seo a' dèanamh a' chùis, agus bha iad a-nise sa Ghearmailt.

Bha an Ruis cuideachd an-sàs sa Chogadh air taobh sear na Eòrpa, agus cha robh ach beagan mìosan air fhàgail dhen Chogadh, co-dhiù san Roinn Eòrpa, le arm, càbhlach agus feachdan-adhair Aimearaigeach a' dèanamh diofar mòr. Bha iad an dòchas gun robh an cogadh gu bhith seachad, ach bha iad feumach air barrachd taic airson a bhith cinnteach gum buannaicheadh iad an-aghaidh Hitler.

Aig toiseach a' Mhàrt, dh'fhàg plèana raon-adhair sna Stàitean Aonaichte, agus e a' tighinn a-null a Bhreatainn (gu RAF Valley sa Chuimrigh) ach cha do thàinig e a-riamh. Bha e ag itealaich thairis air Tròndairnis an Eilean Sgitheanach nuair a bhuail sgiathan a' phlèana creagan àrda agus thàinig e sìos air beinn mhòr aig a bheil an ainm Beinn Eadra.

'S e Eilean a' Cheò an t-ainm eile airson an Eilein Sgitheanaich, agus a-rèir aithrisean bhon àm, bha ceò agu math tiugh ann an oidhche sin. Bha naoinear air bòrd am B-17G Flying Fortress, daoine òga a chaidh a chur gu cogadh as leth na dùthcha aca – Stàitean Aonaichte Ameireaga – agus airson an gnothach a dhèanamh air nàmhaidean ar dùthaich-sa cuideachd. Is cinnteach gum biodh teagamhan agus dòchasan aca uile mun ghnòthach. B'iad Pòl Overfield Jnr, Leroy E Cagle, Teàrlach K Jeanblanc, Art W Kopp Jr, Earail D Blue, Iain H Vaughan, Earail A Fahselt, Seòras S Aldrich, agus Carter D Wilkinson. Fhuair iad uile bàs.

An dèidh an tubaist, bhiodh daoine a; lorg rud mar slatan-iasgach, baidhseagalan, agus rudan eile a bha air na daoine seo, agus iad a' tighinn a-nall a Bhreatainn mas biodh iad an-sàs sa chogadh.

Tha pàirtean dhen phlèana fhathast air Beinn Eadra, agus chì thu iad ma tha thu a' coiseachd suas air a' bheinn. Tha e gu math duilich a bhith a'faicinn na rudan seo, agus a' cuimhneachadh air na daoine òga as Aimeireagaidh a bhàsaich.

Ann an 2020, bha tachartas ann a' cuimhneachadh air an tubaist, bha 75 bliadhna ann bhon a thachair i. 'S e Urras an Taobh Sear agus Comhairle Coimhearsnachd Stafainn a rinn an tachartas, agus thàinig daoine a-nall bho Aimeireagaidh. Bha piuthar aig Pòl Overfield ann, aig a bheil an t-ainm Betty Foote. Thuirte ise, "Bha mi trì bliadhna deug aig an àm, agus ann an clas a h-ochd, nuair a fhuair Pòl bàs. Thàinig am Ministear dhan sgoil, agus chaidh sinn dhachaigh còmhla ris."

Bha carragh-chuimhne ann an Stafainn mar tha le ainmean daoine a bhàsaich sna cogaidhean, agus chuir iad ainm na daoine a bha air a phleana air seo cuideachd.

Thuirte co-ogha air Pòl Overfield, aig an tachartas, gun robh e taingeil dha daoine an Stafainn airson a h-uile càil a rinn iad.

Bha an tubaist ann am Màrt 1945 gu math duilich, ach bhiodh daoine ann an Tròndairnis ag ràdh gun robh rudeigin gu math annasach ceangailte rithe cuideachd.

Bha Uibhisteach a' fuireach an Ùige ann an Tròndairnis aig an àm, se poileasman a bh' ann. 'S e Ruairidh Dòmhnallach an t-ainm a bh' air, ach bha daoine san Eilean Sgitheanach ag ràdh Ruairidh Mòr ris.

Bhiodh Ruairidh a' sealg, agus bha e gu math dèidheil air rabaidean – agus, bha gu leòr rabaidean ann an Tròndairnis aig an àm sin.

Aon latha tràth ann an 1945, chaidh Ruairidh a-mach le gunna agus e airson rabaidean a bhith aige air a bhiadh an oidhche sin. Bha e air Beinn Eadra a lorg rabaidean, agus ged a bha latha math ann, thuirte Ruairidh gun cuala e brag mhòr timcheall air – coltach ri tàirneanaich - agus solas mòr, dealrach, coltach ri dealanaich.

Chaidh Ruairidh air cùl creag mhòr, ach nuair a sheall e a-rithist, cha robh càil idir ann. Cha robh fhios idir aige dè bha air tachairt.

Bha motar-baidhseagal aig Ruairidh, agus chaidh e a-steach a Phort Rìgh airson bruidhinn ri àrd-oifigear nam poileas mu dheidhinn seo, ach thuirte an duine eile gur e dìreach an aimsir a bh' ann.

Dà mhìos às dèidh seo, chunnaic daoine ann an Stafainn solas mòr, dealrach – coltach ri dealanaich – agus brag mhòr, coltach ri tàirneanaich,

shuas air Beinn Eadra, ach chan e stoirm a bha ann. Bha am B-17G Flying Fortress a' bualadh ann aig astar.

Bidh daoine ann an Stafainn fhathast ag ràdh gun robh 'an dà-shealladh' aig Ruairidh Mòr Dòmhnallach, agus gum faca e an tubaist uabhasach sin ro-làimhe.

Bha diofar sgeulachdan mu dheidhinn an dà-shealladh aig daoine eile aig an àm sin. Agus ann an Leòdhas bhiodh pàrantan daoine ag ràdh gun robh droch fhaireachdainn aca, agus iad a' faicinn rudan nan cadal, agus an ath-latha, bhiodh iad a' faighinn naidheachd a bha gu math duilich dhaibh. Tha mi cinnteach gun robh an aon seòrsa rud a' dol le pàrantan, clann, agus mnathan nan daoine a bha a' sabaid anns an darna chogadh.

Bha càll mòr aig bailtean agus coimhearsnachdan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan sa chiad agus an darna cogadh, tha seo ri fhaicinn air na liostaichean de dh'ainmean air na carraighean-cuimhne a tha anns na bailtean agus coimhearsnachdan sin – tha e gu math brònach a bhith a' faicinn nan liostaichean mòra ainmean le daoine òga agus balaich.

Tha carragh-chuimhne againn ann am Port Rìgh, far a bheil mise a-nise a' fuireach agus a' dol gu sgoil, agus tha e gu math furasta a bhith a' coiseachd seachad gun sealltainn ris na h-ainmean. Ach, 's dòcha gum bu chòir dhuinn stad an-dràsta agus a-rithist airson smaoineachadh air na daoine a bhàsaich sna cogaidhean san 20mh linn, agus – gu dearbh – gu bhith a' smaoineachadh air na daoine a tha air bàsachadh ann an cogaidhean bhon uair sin, agus a tha fhathast a' bàsachadh ann an cogaidhean san t-saoghal a tha a' dol air adhart an-dràsta.

Ma tha sinn, san Eilean Sgitheanach, a' smaoineachadh uair sam bith air cogaidhean air rudan a tha a' tachairt ann an àitean eile, agus nach eil a' dèanamh mòran diofar dhuinne ann a sheo, cha leig sinn leas ach coimhead air na carraighean-cuimhne, agus faodaidh daoine cuideachd a dhol suas a Stafainn gu Beinn Eadra far an tàinig plèana às na Stàitean Aonaichte, a bha a' tighinn airson cuideachadh sa chogadh.

A bharrachd air an ainm a bhith air a' charragh-chuimhne ann an Stafainn, bidh àite nar coimhearsnachd gu bràth aig na h-Aimearaganich òga a fhuair bàs air Beinn Eadra air Druim Thròndairnis air an tritheamh latha dhen Mhàrt ann an naoi ceud deug dà fhichead is a còig a bha air bòrd am B-17G Flying Fortress,